

comhairle nan eilean siar

aithisg
coileanaidh
bhliadhnail
2004/5

Clàr-innse



Ro-ràdh an Neach-gairm	3
Ar structair airson co-dhùnaidhean	4
Ar structair roinneil	5
Ullachadh seirbheisean poblach feabhas luach: clann	6
Ullachadh seirbheisean poblach feabhas luach: teaghlaichean.....	7
Ullachadh seirbheisean poblach feabhas luach: seann daoine.....	8
Ullachadh seirbheisean poblach feabhas luach: seirbheisean coimhearsnachdan & coitcheann.....	9
Toirt tùs amas do chruthachadh eaconamaidh measgaichte	10
A' toirt èisteachd agus freagairt don choimhearsnachd	11
Leasachadh ar luchd-obrach	12
Togail air ar neartan cultarach agus sòisealta.....	13
Brosnachadh na Gàidhlig & foghlam fad-beatha.....	14
Brosnachadh ar dualchas & ar cultar	15
Leasachadh air ar slàinte & ar beatha	16
Toirt stiùireadh do na h-eileanan	17
Brosnachadh dearbh-aithne shònraichte nan Eilean an Iar	18
Ionmhas na Comhairle: na figearan	19
A' toirt cunntas air ar coileanadh.....	22

IUCHAIR NAN COMHARRAN SAMHLACHAIL

An coimeas ri cuibheasachd na h-Alba, tha an comharra seo:



nas àirde



co-ionann



nas isle

An coimeas ri figear 2003/4, tha an comharra seo:



nas fheàrr



co-ionann



nas miosa

100%

targaidean 2005/6



Ro-ràdh an Neach-gairm

Tha mi toilichte a bhith a' cur far comhairle a' chiad Aithisg Coileanadh Bhliadhnail a dh'ullaich Comhairle nan Eilean Siar.

Tha fiosrachadh san aithisg air mar a choilean a' Chomhairle ann an 2004/5.

Gus ar coileanadh a chur an co-theacsa, far an gabh sin dèanamh, tha fiosrachadh ann bho bhliadhnachan roimhe còmhla ri cuibheasachd na h-Alba agus cuideachd rangachadh na Comhairle an coimeas ris gach Comhairle an Alba (a-mach à 32) agus ris a' "bhuidheann teaghlaich" de Chomhairlean (a-mach à 9) ann an 2003/4.

Tha an aithisg a' sònrachadh prìomh nithean a chaidh an coileanadh rè na bliadhna agus cuideachd a' toirt fiosrachadh air far a bheil a' Chomhairle a' dèanamh adhartais. Tha cunntasan air luchd-obrach agus pròiseactan ann cuideachd mar eisimpleirean fìor dhuibh air na bhios ar luchd-obrach a' dèanamh agus na pròiseactan a libhrig sinn anns a' bhliadhna a chaidh seachad.

Tapadh leibh airson an aithisg seo a leughadh. Tha mi an dòchas gum faigh sibh e feumail agus inntinneach.

Comhairliche Ailig Dòmhnallach, Neach-gairm

Tha am buidheann seo na thaghadh de Chomhairlean le feartan co-ionann. Tha e a' gabhail a-steach Siorrachd Obar Dheathain, Earra-Ghàidheal is Bòid, Dùn Phris agus Gall-Ghaidhealaibh, A' Ghàidhealtachd, Arcaibh, Peairt, Crichean na h-Alba agus Sealtainn.

Dè tha san aithisg seo?

Chuir a' Chomhairle aonta ri Ro-innleachd Chorporra aig deireadh 2003 airson an ùine Dreuchd 2004-7. Tha an Ro-innleachd Chorporra a' gabhail a-steach amas iomlan na Comhairle mar a leanas:

Seirbheisean poblach Feabhas Luach ullachadh a chumas suas agus a leasaicheas gnè-beatha a h-uile duine anns na h-Eileanan an Iar

Tha an aithisg coileanadh seo a' dèiligeadh ri gach cuspair anns an Ro-innleachd Chorporra agus a' toirt fiosrachadh mu na tha a' Chomhairle a' dèanamh airson an toirt gu buil agus, far a bheil fiosrachadh ri fhaotainn, mar a tha coileanadh sheirbheisean an coimeas ri nithean a choilean sinn an-uiridh agus ri comhairlean eile.

Co às a tha am fiosrachadh air coileanadh a' tighinn?

Tha a' chuid as motha den fhiosrachadh san aithisg seo a' tighinn bho aithisg deireadh bliadhna a bhios air ullachadh le gach Stiùiriche 's air a bheil a' Chomhairle a' beachdachadh san Ògmhios no bho na Comharran Coileanadh Reachdail (SPI) a dh'fheumas sinn a chruinneachadh agus cunntas a thoirt orra gach bliadhna. Bidh Sgrùdadh na h-Alba a' sgrùdadh fiosrachadh SPI gus dèanamh cinnteach gu bheil e ceart.

Tha tuilleadh fiosrachaidh mu SPIan ri fhaotainn air an làrach-lìn againn 's gheibh sibh e tron choimpiutair agaibh aig an taigh no an-asgaidh ann an leabharlannan na Comhairle:


www.cne-siar.gov.uk/spi

www.cne-siar.gov.uk

Dè ur beachd air an aithisg seo?

Leis gur e seo a' chiad Aithisg Coileanadh Bhliadhnail a rinn a' Chomhairle bu toigh leinn ur beachd fhaighinn air. Faodaidh sibh ur beachdan a chur tro fòn, litir, post-dealain no teacsa gu:

In-sgioba Ro-innleachd Oifis a' Cheannaird Comhairle nan Eilean Siar Rathad Shanndabhaig STEÒRNABHAGH HS1 2BW

 01851-709433
post-dealain:
apr@cne-siar.gov.uk
Teacsa 07624-809-264



Tormod L. Dòmhnallach
Cathraiche

Tha **Comataidh an Fhoghlaim agus Seirbheisean Chloinne** a' dèiligeadh ri gach nì a bhuineas do ghnìomhan na Comhairle mar Ùghdarras Foghlaim bhon chlàr-teagaisg gu togalaichean sgoile. Tha a' Chomataidh a' cumail sùil air ullachadh a h-uile seirbheis do chloinn a' gabhail a-steach seirbheisean obair shòisealta, foghlam sònraichte, foghlam fo aois sgoile agus leasachadh is brosnachadh na Gàidhlig ann an sgoiltean.



Dòmhnall
Manford
Cathraiche

Bidh **Comataidh Còmh-dhail** a' dèiligeadh ris a h-uile nì a bhuineas do ghnìomhan na Comhairle mar Ùghdarras Rathaidean-mòra a' gabhail a-steach ullachadh, leasachadh agus cumail rathaidean agus shlighean-coiseachd, solais poblach agus sàbhailteachd rathaidean. Tha a' Chomataidh cuideachd a' stiùireadh seirbheisean adhair, aiseig agus bhusaichean, le uallach mar ùghdarras caladh agus a' toirt cead airson tagsaidhean is càraichean prìobhaideach air mhàl.



Murchadh MacLeòid
Cathraiche

Tha **Comataidh Sòisealachd** a' dèanamh cinnteach gum bi seirbheisean san dachaigh agus cùram còmhnaidheach ann do dhaoine aig a bheil feum orra. Tha a' Chomataidh cuideachd a' cumail sùil air ullachadh comhairle, treòrachadh agus cuideachadh do dhaoine a dh'fheumas sochairean sòisealta agus air seirbheisean airson taic do na cùirtean a' gabhail a-steach taic do dhaoine fo dhearbhadh no a' tighinn a-mach à prìosan.



Calum I Greumach
Cathraiche

Tha **Comataidh Ealan is Cur-seachad** a' dèanamh cinnteach gum bi seirbheisean leabharlann, taighean-tasgaidh, ealain agus spòrs ann. Tha a' Chomataidh cuideachd a' toirt taic do bhuidhnean òigridh agus buidhnean saor-thoileach a tha an sàs ann an solarachadh sheirbheisean ealain agus cultair.



Aonghas
MacNeacail
Cathraiche

Tha **Comataidh Tirshlàinteachd** a' brosnachadh dìon na h-àrainneachd agus a' cumail sùil air solarachadh sheirbheisean co-cheangailte ri slàinte na h-àrainneachd, inbhean malairt, glanadh agus togail sgudail. Tha a' Chomataidh cuideachd a' dèiligeadh ri cùisean dealbhaidh, barrantasan togail, dìon nan cladaichean agus gleidheadh is leasachadh ghoireasan an àite.



Aonghas Caimbeul
Cathraiche

Tha **Comataidh Poileasaidh agus Stòrais** a' cumail sùil air cruthachadh a h-uile poileasaidh corporra. Bidh iad cuideachd a' dèiligeadh ris a h-uile nì co-cheangailte ri ionmhasachadh obair na Comhairle. Tha a' Chomataidh aig an stiùir a thaobh fearainn, togalaichean, goireasan daonna, teicneòlas agus leasachadh na Gàidhlig.



Tormod M MacLeòid
Cathraiche

Tha **Comataidh Taigheadais** os cionn ullachadh thaighean comhairle anns na h-Eileanan an Iar agus a' brosnachadh com-pàirteachadh theanant. Bidh a' Chomataidh cuideachd a' dèiligeadh ri ullachadh sheirbheisean do dhaoine gun dachaigh, tabhartasan airson taighean prìobhaideach agus taic do chomainn taigheadais agus buidhnean saor-thoileach.



Dòmhnall
MacNeacail
Cathraiche

Tha **Comataidh Sgrùdaidh is Rannsachaidh** a' toirt sùil neo-eisimeileach air coileanadh na Comhairle agus ag ullachadh dòigh ath-thagraidh èifeachdach agus chothromach. Tha a' Chomataidh cuideachd ag iarraidh ire giùlain àrd bho Chomhairlichean.



Gilleasbaig
Caimbeul
Cathraiche

Tha **Comataidh Leasachadh Seasmhach** a' brosnachadh leasachadh anns na h-Eileanan an Iar agus tha iad a' stiùireadh leasachadh eaconamach agus seirbheisean arc-eòlais, turasachd is taigh-spadaidh. Bidh a' Chomataidh cuideachd a' dèiligeadh ri ullachadh nam Planaichean Structarail agus Ionadail agus nithean a bhuineas do ghleidhteachas agus leasachadh na dùthcha.



Dòmhnall
Dòmhnallach
Cathraiche

Tha **Am Bòrd Malairteach** a' cumail sùil air Buidhnean Obair Dhìreach agus Seirbheis Dhìreach na Comhairle, (gnìomhan cunradair in-thaigh na Comhairle) agus ag aontachadh tagraidhean obrach. Tha uallach air a' Bhòrd airson cumail suas thogalaichean, cumail suas rathaidean-mòra anns na Hearadh agus an Uibhist, companaidhean bhusaichean, rianachd charbadan, solais sràide, togail sgudail, cladhan, glanadh shràidean, glanadh thogalaichean, solarachadh bidhe ann an sgoiltean agus eile.



Tha **Oifis a' Cheannaird** a' gabhail a-steach an Ceannard, taic clèireachd agus In-sgioba agus Òs-sgioba Ro-innleachd na Comhairle a bhios a' dealbh poileasaidhean corporra agus a' toirt fiosrachadh, comhairle agus taic do roinnean.

Malcolm Burr, Ceannard
01851-709500
post-dealain: m.burr@cne-siar.gov.uk



Tha **Ionmhas** an urra ri rianachd èifeachdach air stòras ionmhasail na Comhairle, togail cisean ionadail agus teachd-a-steach eile, agus solarachadh sheirbheisean ionmhasail don Chomhairle a' gabhail a-steach cunntasachd, rolla pàighidh, in-sgrùdadh agus pàigheadh chreidearan.

Robert Emmott, Stiùiriche, Ionmhas
01851-709385
post-dealain: remmott@cne-siar.gov.uk



Tha **Seirbheisean Corporra** ag ullachadh prìomh sheirbheisean, conaltradh, dealbhadh èiginn, goireasan daonna, teicneòlas fiosrachaidh, seirbheisean laghail agus deamocratach, ceadachd, clàradh, Sgioba na Gàidhlig agus obraichean malairteach a' gabhail a-steach Bus na Comhairle.

Helen Froud, Stiùiriche, Seirbheisean Corporra
01851-709200
post-dealain: h.froud@cne-siar.gov.uk



Tha **Roinn Obair Shòisealta** a' gabhail a-steach cùram sa choimhearsnachd (cùram san dachaigh, seirbheisean cùram còmhnaidheach, làitheil agus fois), seirbheisean chloinne agus ceartas eucorach

Calum Mac a' Ghobhainn, Stiùiriche, Obair Shòisealta
01851-709330
post-dealain: msmith@cne-siar.gov.uk



Tha **Roinn an Fhoghlaim** an urra ri libhrigeadh agus leasachadh leantainneach air Foghlam Ro-sgoil, Bun-sgoil, Àrd-sgoil agus Foghlam Sònraichte.

Murchadh MacLeòid, Stiùiriche, Foghlam
01851-709430
post-dealain: murdo-macleod.el@cne-siar.gov.uk




Tha **Roinn nan Coimhearsnachdan Seasmhach** a' libhrigeadh nan Seirbheisean Coimhearsnachd a leanas a' gabhail a-steach ath-chuairteachadh, togail agus glanadh sgudail, seirbheisean leasachaidh, leasachadh eaconomach, seirbheisean slàinte agus luchd-cleachdaidh, cur-seachad agus ionnsachadh, poileasaidh agus seirbheisean rianachd.

Munro Gold, Stiùiriche, Coimhearsnachdan Seasmhach
01851-709310
post-dealain: mgold@cne-siar.gov.uk




Tha **Roinn Taigheadais** a' riaghladh taigheadas na Comhairle, a' toirt diofar sheirbheisean do na teanantan, teanantan ri teachd agus daoine gun dachaigh, seirbheisean maor airson comainn taigheadais ionadail, a' ruith sgioba Sochair Taigheadais agus Cis Chomhairle agus an urra ri leasachadh agus cur an gnìomh dòigh-obrach ro-innleachdail na Comhairle airson cùisean taigheadais.

Tony Pendle, Ceannard Seirbheisean Taigheadais
01851-709512
post-dealain: tpendle@cne-siar.gov.uk



Tha **Seirbheisean Teicnigeach**, còmhla ri bhith a' toirt comhairle teicnigeach do gach roinn den Chomhairle agus do bhuidhnean ionadail agus saor-thoileach eile, an urra ri rathaidean, còmhndhail, togalaichean agus talamh, lùth, sònran cladaich agus pròiseactan sònraichte.

Iain MacFhionghain, Stiùiriche, Seirbheisean Teicnigeach
01851-709465
post-dealain: iain.mackinnon@cne-siar.gov.uk



Ar structair roinneil

Ullachadh seirbheisean poblach feabhas luach: clann

www.cne-siar.gov.uk



Aig an àm seo tha sinn a' tomhas coileanadh ar seirbheisean a rèir nan ìrean a tha ar clann a' coileanadh, co mhead àite falamh a tha nar sgoiltean, seirbheisean còmhnaidheach ar cloinne agus mar a tha sinn a' cur an gnìomh òrdughan stiùiridh a bhuineas do chloinn.


Gheibhear tuilleadh fiosrachaidh mu choileanadh ar sgoiltean bho Roinn an Fhoghlaim no air làrach-lìn na Comhairle: www.cne-siar.gov.uk/education/index.htm

Chan eil na comharran coileanaidh a chaidh an cruinneachadh air meud chlasaichean agus dìon chloinne anns an aithisg seo ach tha iad air làrach-lìn na Comhairle.

Ann an 2004/5:

- ✓ chùm sinn suas agus mheudaich sinn eòlas solarachaidh cùram-chloinne
- ✓ chuir sinn aghaidh air cùisean in-ghabhail agus frithealaidh
- ✓ rinn sinn adhartas le iomairtean Sgoiltean Brosnachadh Slàinte agus Biadh Fallain
- ✓ chuir sinn ri tachartasan taobh a-muigh na sgoile

Clann sa bhun-sgoil a choilean ìrean nàiseanta no nas àirde airson an aois



Fhuair 63.6% den chloinn air an cumail suas leis a' Chomhairle air falbh bhon dachaigh aon theisteanas SCQF ìre 3 aig a' char as lugha an coimeas ri neoni ann an 2003/4

Fhuair 18.2% den chloinn air an cumail suas leis a' Chomhairle air falbh bhon dachaigh aig a' char as lugha theisteanas SCQF ìre 3 ann am Beurla agus Matamataig an coimeas ri neoni ann an 2003/4

Fhuair 81.8% den chloinn air an cumail suas leis a' Chomhairle air falbh bhon dachaigh aig a' char as lugha aon theisteanas SCQF ìre 3 ann an Ìre Choitcheann an coimeas ri neoni ann an 2003/4

Fhuair 18.2% den chloinn air an cumail suas leis a' Chomhairle air falbh bhon dachaigh Beurla agus matamataig Ìre Choitcheann an coimeas ri neoni ann an 2003/4


Bha rumannan singilte agus goireasan en suite aig 100% den chloinn a bha a' fuireach ann an cùram còmhnaidheach ann an 2004/5.

Chuir a' Chomhairle a-steach 15.7% de aithisgean suidheachadh sòisealta taobh a-staigh 20 là obrach ann an 2004/5 an coimeas ri 28.4% ann an 2003/4

Chaidh a h-uile pàiste a bha fo òrdugh stiùiridh fhacinn le oifigear stiùiridh taobh a-staigh 15 làithean obrach ann an 2003/4 agus 2004/5

Tha sinn a' dèanamh adhartais le:

- ✓ Ath-sgrùdadh solarachadh foghlaim S1 agus S2
- ✓ Tha sinn a' cur air dòigh "Coimhearsnachdan Ionnsachaidh" a bheir seachad seirbheisean chloinne aon sgìre gu lèir ann an aon àite
- ✓ Lùghdaich sinn ùine ullachaidh na h-aithisge do Neach-aithisg na Cloinne



An ath bhliadhna tha dùil againn cunntas a thoirt air an àireamh de sgoiltean a tha air an ainmeachadh mar a bhith brosnachadh slàinte agus an àireamh de àiteachan cùram-chloinne a tha rim faotainn.

Clann san àrd-sgoil (suas gu aois 14) a choilean ìrean nàiseanta no nas àirde airson an aois

	Leughadh %	Sgrìobhadh %	Matamataig %
2003	74.4	65.3	62.5
2004	71.8	70.4	72.6
Alba 2004	64.5	52.1	59.5

Aig deireadh S5 an àireamh sa cheud de sgoilearan a tha a' coileanadh:

	2003 %	2004 %	Alba 2004 %
1+ duaisean aig ìre 6	52	55	39
3+ duaisean aig ìre 6	25	27	23
5+ duaisean aig ìre 6 (ìre coileanaidh as àirde)	9	6	9

Aig deireadh S4 an àireamh sa cheud de sgoilearan a choilean:

	2003 %	2004 %	Alba 2004 %
5+ duaisean aig ìre 3	93	92	91
5+ duaisean aig ìre 4	84	82	77
5+ duaisean aig ìre 5 (ìre coileanaidh as àirde)	40	41	35

Tha na h-ìrean anns a' chlàr seo co-ionann ri Ìre Choitcheann no teisteanas ùr SQA.

Aig deireadh S6 àireamh sa cheud de sgoilearan a tha a' coileanadh:

	2003 %	2004 %	Alba 2004 %
5+ ìre 3	90	90	91
5+ ìre 4	85	86	78
5+ ìre 5	62	61	47
1+ ìre 6	59	58	44
3+ ìre 6	41	39	31
5+ ìre 6	28	25	20

Tha ìrean frithealaidh sgoiltean airson bun-sgoiltean agus àrd-sgoiltean air a dhol sìos sna beagan bliadhnanachan a chaidh seachad leis a' mhòr-chuid de sgoiltean a' lìonadh nas lugha na 60% de na h-àiteachan a tha rim faotainn. B' e Comhairle Arcaibh a-mhàin aig an robh barrachd àiteachan falamh sna h-àrd-sgoiltean aice ann an 2003/4.

Anna NicIleathain, Tidsair, Bun-sgoil Bhàgh a' Chaisteil

Aig an àm seo tha Anna a' teagasg sgoilearan P5/P6 sa bhun-sgoil as fhaide deas sna h-Eileanan an Iar. Tha i a' teagasg diofar chuspairean gu ìrean nàiseanta a' gabhail a-steach litearreachd agus matamataig.

Tha a' chuid as motha de thide Anna air a thoirt suas

le clasaichean ach feumaidh i cuideachd leasain ullachadh, obair sgoilearan ullachadh agus a' cheartachadh, measadh, clàradh agus cunntas a thoirt air obair sgoilearan, comhairle agus treòrachadh a thoirt seachad agus bruidhinn ri pàrantan agus luchd-cùraim. Tha Anna cuideachd a' ruith Lasagan (am buidheann dràma Gàidhlig).



Ullachadh seirbheisean poblach feabhas luach: teaghlaidhean

www.cne-siar.gov.uk



Thug e nas lugha na 2 sheachdain 8.8% de thaighean comhairle a leigeil air mhàl ann an 2004/5 – suas bho 7.3% ann an 2003/4



Thug e eadar 2 to 4 sheachdainean 11.2% de thaighean comhairle a leigeil air mhàl a-rithist ann an 2004/5 – sios bho 21.8% ann an 2003/4



Thug e barrachd air 4 sheachdainean 80% de thaighean comhairle a chaidh air mhàl a-rithist ann an 2004/5 – suas bho 71% ann an 2003/4



Chaidh an àireamh sa cheud de thaighean comhairle a chaidh an reic taobh a-staigh 26 sheachdainean sios beagan bho 71.7% ann an 2003/4 gu 70% ann an 2004/5



Tha an ùine a thug e tagraidhean sochair taigheadais eagrachadh air a dhòl sios bho 67 làithean ann an 2003/4 gu 46 làithean ann an 2004/5



Tha an ùine a thug e atharrachadh ann an suidheachadh eagrachadh air a dhòl sios bho 17 làithean gu 12 làithean



Tha cosgais làn rianachd gach tagraiche Sochair Taigheadais air a dhòl suas bho £85.88 ann an 2003/4 gu £90.45 ann an 2004/5



Chaidh an àireamh sa cheud de chùisean sochair taigheadais leis an tomhas de shochair ri phàigheadh air obrachadh a-mach ceart a rèir an fhiosrachaidh a bha ri fhaotainn aig a' cho-dhùnadh sios beagan bho 97.5% gu 98% ann an 2003/4

Chaidh an àireamh sa cheud de chùisean air an ath-mheasadh gun dachaigh no is dòcha gun dachaigh taobh a-staigh 12 mìosan de chrich na cùise roimhe sios bho 11.3% ann an 2003/4 gu 5.3%

Fhuair e air ais 38.1% de na suimean ro àrd a chaidh a phàigheadh de shochair taigheadais ann an 2004/5 ach cha ghabh coimeas a dhèanamh ri 2003/4 oir cha tug a' Chomhairle aithisg air figearan airson na bliadhna sin.

Bidh luchd-obrach na Comhairle ag ullachadh faisg air 100 aithisgean rannsachadh sòisealta do na cùirtean gach bliadhna agus bho 2002/3 chaidh na h-aithisgean gu lèir an riarachadh gu luchd-obrach agus an cur a-steach aig na cinntama nàiseanta.



Bha a h-uile aithisg rannsachadh sòisealta air a riarachadh gu luchd-obrach taobh a-staigh 2 là obrach agus air an cur a-steach gu na cùirtean air a' cheann-là iomchaidh

Tha seirbheisean taigheadais agus obair shòisealta inbheach anns an earrann seo.

Tha comharran a' sealltainn dè cho math 's a tha sinn a' rianachd nan seirbheisean sin. Gheibhear fiosrachadh air an àireamh de luchd-cleachdaidh na seirbheis air làrach-lìn na Comhairle.

Ann an 2004/5:

- ✓ Bhuannaich sinn grunn dhuisean airson Pròiseact Ath-nuadhachaidh Bhaile a' Mhanaich
- ✓ Thòisich sinn seirbheis taic theanantan agus Sgeama Phasgan Tòiseachaidh
- ✓ Lùghdaich sinn an ìre ath-thagraidhean Dith Dachaigh
- ✓ Stèidhich sinn dà theanantachd ùr airson àiteachan-fuirich le taic do dhaoine a bha a' fuireach roimhe ann an cùram còmhnaidheach

- ✓ Rinn sinn cinnteach gun robh ar seirbheisean ceartas eucorach am measg an fheadhainn a b' fheàrr an Alba

Tha sinn a' dèanamh adhartas le:

- ✓ Meudachadh àireamh aonadan fuirich na Comhairle agus lùghdachadh cleachdadh B&B ionadail
- ✓ A' toirt gu buil gu buil gluasad thairis taigheadais bhon Chomhairle gu Com-pàirteachas Taigheadais Innse Gall

An àireamh sa cheud anns gach gnè de chàradh Thaighean Comhairle air an crìochnachadh taobh a-staigh ùine shuidhichte

		2003/4 %	2004/5 %
Freagairt èiginn	1 uair	91.6	89.0
Prìomhachas 1	1 latha	91.2	85.9
Prìomhachas 2	1 sheachdain	58.5	62.4
Prìomhachas 3	2 sheachdain	58.8	63.3
Prìomhachas 4	1 mìos	91.4	87.0

	% 2003/4	% 2004/5	Targaid 2005/6 %	Cuibheasachd an Alba 2003/4 %	Rangachadh an Alba 2003/4	Rangachadh Teaghlaidh 2003/4
Fiachan theanantan aig an àm seo mar àireamh sa cheud de mhàl lom ri phàigheadh	7.4	9.3	6.5	7.9	17mh	7mh
Àireamh sa cheud de theanantan aig an àm seo le fiachan màil barrachd air 13 sheachdainean	6.8	5.3	6.2	4.9	23mh	7mh
Àireamh sa cheud de mhàl air a chall tron bhliadhna ri phàigheadh	2.0	1.7	1.8	2.7	12mh	5mh



Ailig Iain MacLeòid, Làmh-chaireach Taigheadais, Na Hearadh

Bidh Ailig Iain a' dèanamh iomadh seòrsa obrach do 120 theanantan Comhairle agus cuideachd theanantan chomainn taigheadais a' gabhail a-steach càradh fheansaichean, a' crochadh gheatachan agus a' gearradh an fheòir ann an ceàrnaidhean coitcheann. Bidh e cuideachd a' cur a-mach bhionaichean, ag atharrachadh bhòlgan solais agus rudan eile do theanantan a dh'fheumas cuideachadh a bharrachd. Nì Ailig Iain beagan càraidh air rudan mar àirneis cidsin agus tapaichean le feum air cearclan. Bidh e cuideachd a' glanadh an sgudail a bhios anns na h-àiteachan cluich.

CUNNTAS

Ullachadh seirbheisean poblach feabhas luach: seann daoine

www.cne-siar.gov.uk



Ann an 2004/5:

- ✓ Rinn an Coimisean Cùram sgrùdadh air ar dachaighean gu lèir
- ✓ Tro Mhaoin nan Seirbheisean Coimhearsnachdan nas Fheàrr thug sinn taic do na leanas:
 - Còig pròiseactan a ghabh a-steach leasachadh sgilean sòisealta is cur-seachad, agus sanasachd slàinte ann an sgìre Nis
 - Buidheann Saor-thoileach Leòdhais gus cuideachadh a' coimhead às dèidh gàrraidhean sheann daoine agus daoine ciormach eadar Bragar agus Brèascleit
 - Club ABC ag ullachadh seiseanan feasgair gach seachdain gus coinneachadh ri feuman sòisealta agus inntinneil sheann daoine
 - Clasaichean Art Attack, ann an sgìre Ùig
 - Puingean fiosrachaidh 'In touch with Health'


Tha sinn a' dèanamh adhartas le:

- ✓ Leasachadh Cùram Uibhist a Deas
- ✓ Leasachadh goireas slàinte agus cùram sòisealta taic coimhearsnachd ùr ann an Càrlabagh
- ✓ Ath-sgrùdadh Seirbheis Cùram san Dachaigh
- ✓ Ath-leasachadh taighean cùram còmhnaidheach
- ✓ Cuideachadh Clann an Latha 'n Dè a' leasachadh an seirbheisean



100%

'S e rumannan singilte a tha sa h-uile àite còmhnaidheach do sheann daoine agus inbhich eile - nas fheàrr na 2003/4



Agnes Alexander, neach-obrach cùram san dachaigh, Uibhist

Tha latha Agnes a' tòiseachadh le ullachadh bracaist agus teine don luchd-dèiligidh aice. Tron latha bidh i a' dèanamh obair-taighe, nigheadaireachd agus iarnaigeadh agus cuideachd a' ceannachd biadh dhaibh.

Bidh Agnes a' cuideachadh a luchd-dèiligidh gan glanadh fhèin

ma dh'fheumas iad cuideachadh leis. Bidh i cuideachd a' dèanamh biadh aig meadhan-latha agus feasgar ma bhios feum aca air. Tha Agnes toilichte a bhith a' toirt seirbheisean don luchd-dèiligidh aice agus a bhith a' bruidhinn riutha fhad 's a tha i ag obair.



CUNNTAS

Dè bu chòir a bhith san aithisg againn an ath bhliadhna? Cuiribh fios gu

☎ 01851-709433 Facs 01851-706022 apr@cne-siar.gov.uk Teacsa 07624-809-264

Ullachadh seirbheisean poblach feabhas luach: seirbheisean coimhearsnachdan & coitcheann

Tha an earrann seo a' dèiligeadh ri seirbheisean don choimhearsnachd gu lèir agus a' gabhail a-steach rathaidean, solais sràide, seirbheisean dìon is àrainneachd agus seirbheis 'rùm cùil' bho roinnean mar seirbheisean ionmhasail agus corporra.

- ✓ Thug sinn a-steach Fìach-shuim Dhìreach airson pàighidhean
- ✓ Chuir sinn a-steach siostam Rolla Pàighidh ùir

Tha sinn a' dèanamh adhartas le:

- ✓ Dèanamh cinnteach gur e ionmhas searbhant, 's chan e draibhear, poileasaidh na comhairle
- ✓ Toirt a-steach puing-ceangail-singilte airson prìomh sheirbheisean na Comhairle
- ✓ Leasachadh air comhairle do roinnean air Àrachas agus VAT

5mh Ann an 2004/5 tha % de rathaidean anns na h-Eileanan an Iar air am bu chòir beachdachadh airson càradh air a dhol suas bho 36.1% ann an 2003/4 to 47.1%. Chan eil 10.6% de dhrochaidean a' coinneachadh ri ìre na h-Eòrpa agus tha bacaidhean air 8.2% dhiubh.

14mh Bha 62.9% de sholais sràide air an càradh taobh a-staigh 7 làithean ann an 2004/5 an coimeas ri 96.3% ann an 2003/4. Tha 48.1% de chobhan solais sràide còrr air 30 bliadhna a dh'aois

24mh Bha a h-uile càradh air solais trafaig air a dhèanamh taobh a-staigh 48 uairean, nas fheàrr na 84.6% ann an 2003/4

= Dh'fhuirich luach thagraidhean agartachd mar àireamh sa cheud de bhuidseat na Comhairle aig 0%

Bha 100% de ghearanan air fuaim a ghabhadh am fuasgladh sa chiald àite air an rèiteachadh aig an àm, nas fheàrr na 37.5% ann an 2004/5

7mh 12.5% de ghearanan air fuaim a dh'fheumadh tuilleadh obrach ann an 2004/5 air am fuasgladh taobh a-staigh 14 làithean an coimeas ri 80% ann an 2003/4

30mh Chaidh % de sgudal taighe a tha air a chur sna làraichean lìonaidh air tìr sìos bho 92.5% ann an 2003/4 gu 90.5% ann an 2004/5. Chaidh tochar a dhèanamh de 2.2% den sgudal ann an 2004/5.

30mh Chaidh cosgais glanadh sgudail gach togalach sìos gu £58.36 ann an 2004/5 bho £84.41 ann an 2003/4.


Bha 46.98% de thogail sgudail sònraichte a chrìochnachadh taobh a-staigh 5 làithean obrach sìos bho 74.5% ann an 2003/4

Chaidh gearanan mu chrìochnachadh sgudail (gach 1,000 dachaigh) suas bho 0% ann an 2003/4 gu 0.5%

Ann an 2004/5:

- ✓ Thug sinn taic do chompanaidhean iomairt sòisealta airson leasachadh ionad ealain ann an Steòrnabhagh, ionad spòrs ann an Nis, tallachan coimhearsnachd, pròiseactan lùth eadar-dhealaichte agus leasachaidhean air goireas
- ✓ Fhuair sinn £10.3m airson Slighe Cnàimh-droma nan Eilean Siar
- ✓ Fhuair sinn airgead Eòrpach airson pròiseactan Leasachadh Rathad Bhreàscleit agus Caladh Oidhche san t-Òb
- ✓ Fhuair sinn £25m airson Pròiseact Sgudail mòr airson lìonadh air tìr a lùghdachadh.
- ✓ Thug sinn a-steach goireasan connadh mara aig grunnan chidhe is chaladh.
- ✓ Dhùin sinn cunntasan na Comhairle ann an deagh àm agus gun cheist
- ✓ Rinn sin ath-sgrùdadh air seirbheisean In-sgrùdaidh agus Teachd-a-steach is Ionmhas
- ✓ Dhèilig sinn ri còrr air 1,000 tagraidhean àrachais an dèidh stòirm an Fhaoillich

Àireamh sa cheud de sgudal air ath-chuairteachadh



	2003/4	2004/5	Targaid 2005/6	Cuibheasachd an Alba	Rangachadh an Alba 2003/4	Rangachadh Teaghlaich 2003/4
An % de theachd-a-steach cìs comhairle ri pàighidhean airson na bliadhna air a thogail	92.0%	92.6%	93.5%	91.7%	23mh	9mh
Cosgais togail cìs comhairle gach taigh	£26.14	£24.99	£24.00	£14.1	32mh	9mh
An % de theachd-a-steach reataichean gnòthachais ri pàighidhean airson na bliadhna air a thogail	96.7%	98.1%	98.5%	95.6%	16mh	9mh
% de chunntasan pàighte taobh a-staigh 30 làithean no na h-ùine aontaichte	77%	80.1%	82%	82.9%	27mh	8mh



Alasdair MacEachainn, Oifigear Slàinte Àrainneachd, Uibhist

Tha dleastanasan Slàinte Àrainneachd Alasdair a' gabhail a-steach sgrùdadh àiteachan-obrach agus àiteachan bidhe. Bidh e cuideachd a' dèiligeadh ri cùisean slàinte phoblach eile bho glanadh sgudail agus rianachd chladhan gu, mar eisimpleir, fuaim, fàileadh no truailleadh san fharsaingeachd. Bidh Alasdair cuideachd a' toirt air falbh sampallan gus sùil a chumail air càileachd na h-àrainneachd agus


a' bhidhe. Tha Alasdair den bheachd gur e faiceall as cudromaiche ann an sàbhailteachd bidhe agus rinn àireamh mhòr de dhaoine a tha a' làimhseachadh biadh an Uibhist is Barraigh trèanadh slàinteachas bidhe foirmeil. Tha uallach air Alasdair cuideachd airson sgrùdadh nan àiteachan-obrach sin nach eil air an gabhail a-steach ann an Slàinte is Sàbhailteachd an Rìghaltais gus dèanamh cinnteach gu bheil ear a' coinneachadh ri ìrean riatanach slàinte is sàbhailteachd agus gus comhairle a thoirt air dìon luchd-obrach agus a' mhòr-shluagh.

CUNNTAS

An ath bhliadhna tha dùil againn cunntas a thoirt air ath-chuairteachadh na Comhairle, an tomhas dealain, uisge agus ola teasachaidh a bhios a' Chomhairle a' cleachdadh agus far a bheil puingean cothrom air seirbheis na Comhairle. Fiosrachadh feumail? Dè ur beachd? ☎ 01851-709433 F 01851-706022 apr@cne-siar.gov.uk Teacsa. 07624-809-264

Àite air thoiseach aig cruthachadh eaconamaidh measgaichte

www.cne-siar.gov.uk



	Eilean Siar (%)	Alba (%)
A h-uile duine - aois obrach	58.1	62.4
Fireannaich - aois obrach	64.2	66.4
Boireannaich - aois obrach	52.2	58.7

Bun: tuairmsean air àireamh-sluaigh meadhan na bliadhna (2003)

Àireamh iomlan dhreuchdan luchd-obrach:

Làn-ùine	57.8	67.9
Pàirt-ùine	42.2	32.1
Saothrachadh	6.2	10.6
Togail	6.4	5.2
Seirbheisean	70.3	81.0
Libhrigeadh, taighean-òsta & taighean-bidhe	18.9	23.5
Còmhail & conaltradh	5.2	5.3
Ionmhas, IT, gnòthachas eile	7.4	17.6
Rianachd phoblach, foghlam & slàinte	35.8	29.0
Seirbheisean eile	2.9	5.5
Co-cheangailte ri Turasachd	9.9	8.7

Bun: sgrùdadh bliadhnail air rannsachadh gnòthaichean luchd-obrach (2003)

Toradh Gnìomhachais 2004/5

Targaid 2005/6

Gnòthachasan a fhuair taic airgid

26

Obraichean FTE air an cruthachadh

39.5

36

Obraichean FTE air an dìon

23.25

46

Ann an 2004/5:

- ✓ Thug sinn seachad deagh Seirbheis Taic Gnòthachais
- ✓ Rinn sinn Sgrùdadh Ion-dhèantachd mu Sgeama Cuotathan Èisg Coimhearsnachd
- ✓ Bu sinn a' chiad ùghdarras ionadail a chuir aonta ri Aonta Com-pàirteachais Farsaing le Visit Scotland
- ✓ Chuir sinn air bhog Maoin Taic Ath-nuadhachail Coimhearsnachd
- ✓ Taic do Thaighean Innse Gall a' dealbh a' phròiseact Baile-eag-eòlais

Tha sinn a' dèanamh adhartas le:

- ✓ Glusad air adhart a' phròiseact ainmeachadh *Outer Hebrides*
- ✓ Cur air dòigh Sgeama lasadan lasgach ùr
- ✓ Dealbhadh planaichean airson Bunaid Rannsachadh nan Eilean Siar a chur air dòigh
- ✓ Cur air dòigh ro-innleachd fhad-ùine airson Caisteal Leòdhais

'S e Cruthachadh

Coimhearsnachdan ri Teachd, an Ro-innleachd Leasachadh Eaconamach, amas airson ath-bheothachadh fad-ùine air na h-Eileanan an Iar, stèidhichte air sia iomairtean eaconamach eadar-cheangailte. Tha taic aig an ro-innleachd seo bho Phlana-gnìomh mionaideach, a' mìneachadh na bhios air a dhèanamh agus air a choileanadh.

Tha an Com-pàirteachas Dealbhadh Coimhearsnachd den bheachd ann an 2010 gur e na buannachdan a ghabhas tomhas bho bhuileachadh Cruthachadh Coimhearsnachdan ri Teachd:

- ✓ Bidh sluaigh nan eilean a' dol suas le daoine a' glusad no a' tilleadh an seo

- ✓ Bidh fìor roghainnean aig òigridh a thaobh fuireach an seo, fàgail no tilleadh
- ✓ Bidh mòran obraichean ann an cumhachd ath-nuadhachail a' cur gu mòr ris an eaconamaidh ionadail
- ✓ Bidh obraichean san roinn phoblach air an gluasad bho thir-mòr air obraichean seasmhach a thoirt do na h-eileanan
- ✓ Bidh an t-ainm *Outer Hebrides* air aithneachadh agus air a chleachdadh fad is farsaing
- ✓ 'S ann leis a' Choimhearsnachd a bhios earrann mhòr de stòrasan fearainn agus mara nan eilean
- ✓ Bidh bann leathann ri fhaotainn agus air a chleachdadh le mòran
- ✓ Bidh Steòrnabhaigh air ath-bheothachadh a' leantainn gu obair eaconamach air feadh nan Eilean Siar

Bhon àm a thòisich e ann an 2002, choilean Cruthachadh Coimhearsnachdan ri Teachd:

- ✓ grunn thagraidhean tuath-gaoithe nas lugha agus rannsachaidhean mu chruthachadh cumhachd mara
- ✓ coiteachadh gus am faighear na ceangail grid leasachaidh a dh'fheumar gu tìr-mòr
- ✓ bann leathann ri fhaotainn leis a' chuid as motha de dhaoine anns na h-Eileanan an Iar aig toiseach 2006
- ✓ plana leasachaidh gus a' Gàidhlig ath-bheothachadh
- ✓ cur an seilbh cudromach ann an Ionad Spòrs Leòdhais; Ionad Ealain An Lanntair; Amar-snàmh Sir E. Scott; Taigh Chearsabhaigh agus Talla Bhàgh a' Chaisteil
- ✓ fàs bliadhna an dèidh bliadhna anns an roinn turasachd
- ✓ cur an seilbh cudromach ann am bun-structair gnòthachais an Àirinis, Siabost agus Dalabrog
- ✓ 'Consumer Direct'

Consumer Direct Pròiseact Leasachadh Eaconamach

Chaidh seirbheis ùr airson ùghdarras a thoirt do luchd-ceannachd agus atharrachadh a thoirt air dàimh luchd-cleachdaidh air feadh na RA a chur air bhog san Iuchair 2004. 'S e Consumer Direct aon de na leasachaidhean as motha ann an comhairle agus taic do luchd-cleachdaidh agus a' chiad sheirbheis den t-seòrsa san RA. Gheibh luchd-cleachdaidh comhairle luath, phrataigeach air cùis sam bith

a bhuineas do luchd-cleachdaidh le fònadh aon àireamh nàiseanta. Bho briogais £20 gu càradh taighe a chosg £2,000 no càr £20,000, bheir Consumer Direct do dhaoine fiosrachadh, innealan agus misneachd airson deasbadaan fhuasgladh. Tha luchd-comhairle air an làn thrèanadh anns an ionad fòn ann an Siabost an Leòdhais, a' toirt cuideachadh air ciamar a sheachnas iad cunnartan a dh'fhaodadh a bhith an cois ceannachd stuthan no seirbheis, agus a' toirt comhairle air còraichean luchd-cleachdaidh.



CUNNTAS

Dè bu chòir a bhith san aithisg againn an ath bhliadhna? Cuiribh fios gu

01851-709433 Facs 01851-706022 apr@cne-siar.gov.uk Teacsa 07624-809-264

A' toirt èisteachd agus freagairt don choimhearsnachd

www.cne-siar.gov.uk



Àireamh sa cheud de thogalaichean na Comhairle às am bi a' Chomhairle a' libhrigeadh sheirbheisean don phoball a tha freagarrach agus ruigsinneach do dhaoine le ciorramach

5% ann an 2004/5

Ann an 2004/5 thòisich sinn a' tomhas ruigsinneachd ar togalaichean do dhaoine le ciorraman.

Ann an 2004/5:

- ✓ Stèidhich sinn Sgeama Guth a' Bhaile a tha a' gabhail a-steach teanantan nach eil sa chomann luchd-còmhnaidh
- ✓ Chuir sinn an gnìomh, air stèidh dearbhaidh, leasachadh air trafaig gu Meadhan Baile Steòrnabhaigh
- ✓ Leasaich sinn an t-seirbheis taic coimhearsnachd tro luchd-taic a thoirt a-steach mean air mhean airson gach sgìre coimhearsnachd sheasmhach
- ✓ Thug sinn taic do ghrunn chompanaidhean iomairt sòisealta fhad 's a bhathar a' leasachadh ionad ealain ann an Steòrnabhagh, ionad spòrs ann an Nis, tallachan coimhearsnachd, pròiseactan lùth eadar-dhealaichte agus grunn leasachaidhean goireis agus àrainneachd
- ✓ Chaith sinn beagan a bharrachd air £200,000 air leasachadh ruigsinneachd sgoiltean ann an 14 sgoiltean
- ✓ Lean sinn ag obair còmhla ri riochdairean iasgach agus croitearachd tro na Co-chomataidhean Comhairleachaidh
- ✓ Rinn sinn grunn ghnìomhan co-chomhairleachaidh le luchd-

cleachdaidh sheirbheisean Obair Shòisealta

- *Ghabh pròiseact rannsachaidh Measadh air Feuman an Taobh Siar agus Chàrlabhaigh a-steach com-pàirtichean agus luchd-cleachdaidh na seirbheis ann an agallamhan agus buidhnean brosnachaidh*
- *Bidh an t-seirbheis Obair mar Dhòigh-leigheis gu gnàthach ag iarraidh beachdan luchd-cleachdaidh air an t-seirbheis a fhuair iad*
- *Ghabh an Sgrùdadh Cùram san Dachaigh a rinn Oilthigh Ghlaschu a-steach mion-sgrùdadh air beachdan luchd-cleachdaidh*
- *Rinn sinn Sgrùdaidhean Toileachadh Luchd-cleachdaidh anns na sia taighean cùraim do sheann daoine le cudrom air na h-Ìrean Nàiseanta a bha rin sgrùdadh air a' bhliadhna sin*
- ✓ Chuir sinn air dòigh co-chomhairle mu dè thachras do Sgoil Bheàrnaraigh (Uibhist)
- ✓ Chùm sinn sreath thaisbeanaidhean co-chomhairleachaidh air Inbhean Malairt air feadh nan Eilean Siar
- ✓ Thug sinn a-steach sgeama pàircidh gearr-ùine ann an Ceàrnag Phearsabhail, Steòrnabhagh

Tha sinn a' dèanamh adhartas le:

- ✓ Dealbh planaichean coimhearsnachd ionadail a bheir fiosrachadh airson leasachadh seirbheis anns gach sgìre coimhearsnachd sheasmhach sna h-Eileanan an Iar.

Guth a' Bhaile, Pròiseact Com-pàirteachadh Teanant

Bha cuid de theanantan na Comhairle nach robh air an riochdachadh le structair a' Chomann Theanantan a tha air a bhith ann o chionn grunn bliadhnan. Gus dèiligeadh ri seo, dh'iarr a' Chomhairle riochdairean, ris an canar Guthan nam Bailtean, bho sgìrean air feadh nan Eilean Siar. Tha Guth a' Bhaile a' riochdachadh na coimhearsnachd agus chan e

direach iad fhèin agus thathar ga ainmeachadh, a' cur taic ris agus ga thaghadh ma bhios barrachd air aon duine air a thogail. Tha Guth a' Bhaile a' riochdachadh beachdan nan teanant air taigheadas agus cùisean co-cheangailte ris agus a' cur ri obair Fòram Luchd-còmhnaidh nan Eilean Siar, comainn luchd-còmhnaidh agus comhairlichean. 'S e Michael Cross (san dealbh) Guth a' Bhaile airson Èirisgeigh.



CUNNTAS

An ath bhliadhna tha dùil againn cunntas a thoirt air an àireamh sa cheud den t-sluagh air an gabhail a-steach ann an Comhairlean Coimhearsnachd, Buidhnean Guth Òigridh agus Comhairlean Sgoilear agus sgìrean coimhearsnachd sheasmhach le cothrom air Luchd-obrach Taic Coimhearsnachd. Fiosrachadh feumail? Dè ur beachd? ☎ 01851-709433 F 01851-706022 apr@cne-siar.gov.uk Teacsa 07624-809-264

Leasachadh ar luchd-obrach

www.cne-siar.gov.uk

Ann an 2004/5:

- ✓ Bha sinn fhathast am measg nan comhairlean a b' fheàrr a bha a' coileanadh an Alba airson na h-àireamh de luchd-obrach cùram còmhnaidheach agus làitheil a fhuair duaisean SVQ
- ✓ Rinn sinn leasachadh air siostaman a tha a' toirt taic do leasachadh sgilean airson tidsearan
- ✓ Chuir sinn aonta ri sgeama a bheir cothrom do bharrachd luchd-obrach fo-fhastaithe a bhith a' riochdachadh aonaidhean ciùird

Tha sinn a' dèanamh adhartas le:

- ✓ Fastadh agus gleidheadh luchd-obrach san roinn obair shòisealta tro chothroman le taic airson trèanadh proifeiseanta, a' gabhail a-steach com-pàirteachadh sa phrògram Luath

Roinn	Ionann is Làn-ùine ann an dreuchd	
	Dùbhlachd 2003	Dùbhlachd 2004
Foghlam	629.4	645.0
Obair Shòisealta	424.9	459.2
Taigheadas	56.8	60.9
Ceannard	7.0	11.0
Seirbheisean Corporra	82.5	88.0
Ionmhas	52.7	48.0
Seirbheisean Teicnigeach	67.2	84.0
Coimhearsnachdan Seasmhach	167.0	205.3



B' e irean neo-làthaireachd tro thinneas na Comhairle 3.3% airson tidsearan, 4.3% airson luchd-ceàird agus obair làimhe agus 2.8% airson prìomh oifigearan, luchd-rianachd, luchd-proifeiseanta agus san roinn teicnigeach.




Chaidh an àireamh de Cheannardan bhun-sgoiltean a tha boireann suas bho 85% ann an 2003/4 gu 96.8% ann an 2004/5



Chaidh an àireamh de Ceannardan àrd-sgoiltean a tha boireann sìos bho 18.5% ann an 2003/4 gu 13.3% ann an 2004/5.



Chaidh an àireamh de luchd-obrach barrantaichte a' toirt seirbheisean cùram do inbhich (chan eil seann daoine) sìos bho 71% ann an 2003/4 gu 65.2% ann an 2004/5.




Chaidh an àireamh de luchd-obrach barrantaichte a' toirt seirbheisean cùram do sheann daoine suas bho 52% ann an 2003/4 gu 58.4% ann an 2004/5.

	2003/4	2004/5	Cuibheasachd an Alba 2003/4	Rangachadh an Alba 2003/4	Rangachadh Teaghlach 2003/4
% de bhoireannaich anns an 2% de na cosnaichean as àirde aig a' Chomhairle	20.6%	18.8%	28.3%	27mh	6mh
% de bhoireannaich anns an 5% de na cosnaichean as àirde aig a' Chomhairle	21.2%	20.0%	35.8%	29mh	7mh
% de thidsearan bhun-sgoiltean a tha nam boireannaich	86.5	93.7	91.5	31mh	9mh
% de thidsearan àrd-sgoiltean a tha nam boireannaich	47.5	53.6	58.4	32mh	9mh

Preantasachd anns an Aonad Obraichean Malairteach (COU)

Ann an 2001 thug a' Chomhairle cosnadh do 26 preantasan airson ceàird, ach, mar thoradh air an t-suidheachadh ionmhasail aig an àm, chaidh fastadh a stad airson dà bhliadhna. Gach bliadhna chrìochnaich àireamh mhòr de phreantasan an trèanadh ach cha robh atharrachadh luchd-ceàird àrd gu leòr ann airson earrann mhòr de na preantasan a thoirt air aig deireadh a' phreantasachd. Tha suidheachadh luchd-obrach

san COU air atharrachadh thar nam bliadhnan a chaidh seachad agus 's urrainn dhuinn preantasachd a thabhann a-rithist. Aig an àm seo tha 12 preantasan ann le 8 a' crìochnachadh an trèanadh ann an 2004. Tha an COU a' toirt air ceithir preantasan eile ann an 2004 agus 2005. Feumaidh preantas obrachadh anns gach roinn den cheàird aige agus trèanadh fhaighinn airson Ceàird aithnichte. Bidh iad a' cuideachadh Luchd-ceàird a' lìbhrigeadh deagh ìre seirbheise ann an càradh agus cumail thogalaichean na Comhairle.



CUNNTAS

An ath bhliadhna tha dùil againn cunntas a thoirt air Slàinte is Sàbhailteachd san àite-obrach aig a' Chomhairle, Slàinte san àite-obrach an Alba, trèanadh agus measaidhean luchd-obrach, àireamhan ar luchd-obrach proifeiseanta agus an leasachadh an dèidh teisteanas. Fiosrachadh feumail? Dè ur beachd? ☎ 01851-709433 F 01851-706022 apr@cne-siar.gov.uk Teacsa 07624-809-264

Brosnachadh na Gàidhlig & foghlam fad-beatha

Anns an roinn seo tha fiosrachadh air coileanadh ga chruinneachadh air Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig agus seirbheis an leabharlainn.

Ann an 2004/5:

- ✓ Mheudaich sinn an àireamh sa cheud de sgoilearan a' tighinn a-steach do Fhoghlam tro Mheadhan na Gàidhlig
- ✓ Chuir sinn air bhog Poileasaidh Gàidhlig na Comhairle
- ✓ Chruthaich sinn an dreuchd ùr Eadar-theangair Gàidhlig pàirt-ùine gus taic a thoirt do bhuileachadh a' Phoileasaidh Ghàidhlig
- ✓ Thug sinn taic do phròiseact sgeulachdan Uirsgeulan thar na Roinn Eòrpa


Tha sinn a' dèanamh adhartas le:

- ✓ Libhrigeadh pròiseactan Foghlam Coimhearsnachd ann an Gàidhlig
- ✓ Ath-sgrùdadh com-pàirteachas Foghlam Coimhearsnachd/ Colaisde a' Chaisteil airson teagasg chlasaichean oidhche gus am bi seirbheis nas fheàrr air a libhrigeadh



- ✓ Cumail sùil air stuth nan roinnean air an Eadar-lìon agus dèanamh cinnteach gu bheil e air a dhealbhadh ann an co-rèir ri amasan a' Phoileasaidh Ghàidhlig.

Sgoiltean Meadhan Gàidhlig	Àireamhan sgoilearan 2004/5
An Àrd	27
Àiridh an Tuim	14
Am Bac	53
Barabhas	18
Beàrnaraigh	8
Brèascleit	21
Càrlabhagh	15
Baile Ailein	8
Lacasdal	35
Lìonal	40
Pàire	3
Sanndabhaig	8
Siabost	12
Steòrnabhagh	41
Ùig	6
An t-Òb	7
An Tairbeart	8
Càirinis	9
Paibil	13
Baile a' Mhanaich	30
Ìochdar	26
Staoinibrig	16
Dalabrog	41
Èirisgeigh	7
Bàgh a' Chaisteil	27
Àireamh iomlan	491




Poileasaidh Gàidhlig

Tha Poileasaidh Gàidhlig na Comhairle a' mìneachadh amasan agus miannan na Comhairle airson cleachdadh agus leasachadh a' chànan. 'S e amas iomlan a' phoileasaidh gum bu chòir na h-Eileanan an Iar a bhith na coimhearsnachd dà-chànanach anns a bheil tàbhachd cho-ionann aig Gàidhlig agus Beurla mar na cànanan conaltraidh. Bidh am poileasaidh a' ceangal a-steach ri Poileasaidh Nàiseanta na Gàidhlig. Tha

Comhairle nan Eilean Siar den bheachd gu bheil Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig aig cridhe ath-bheothachadh sam bith anns a' chànan agus tha seo air fhaicinn ann an amasan a' phoileasaidh. Tha a' Chomhairle ag amas air obrachadh gu dlùth le Bòrd na Gàidhlig gus am poileasaidh a chur an gnìomh. Fhuair sinn maoinachadh cuideachd gus Plana Gàidhlig nan Eilean Siar a ghluasad chun na h-ath ìre a ghabhas a-steach dreach phlanaichean-gnìomh ionadail.

CUNNTAS



An ath bhliadhna tha dùil againn cunntas a thoirt air an àireamh de dhaoine a tha a' frithealadh clasaichean oidhche agus an àireamh sa cheud den t-sluagh a tha nam buill den leabharlann. Fiosrachadh feumail? Dè ur beachd?

☎ 01851-709433 F 01851-706022 apr@cne-siar.gov.uk Teacsa. 07624-809-264

Brosnachadh ar dualchas & ar cultar

www.cne-siar.gov.uk



Fhuair 69.1% de bharrantasan togail freagairt taobh a-staigh 15 làithean ann an 2004/5 an coimeas ri 81.4% ann an 2003/4.



Fhuair 74.2% de bharrantasan togail freagairt taobh a-staigh 6 làithean ann an 2004/5 an coimeas ri 84.8% ann an 2003/4.



Dh'fhuirich an ùine chuibheasach a bheir e airson teisteanas crìochnachaidh a fhreagairt aig 7 làithean ann an 2004/5



Bha 92.2% de theisteanasan crìochnachaidh air an cur a-mach taobh a-staigh 3 làithean obrach an coimeas ri 98.2% ann an 2003/4



Bha 45% den t-sluagh ann an 2004/5 air an gabhail a-steach ann am plana ionadail a bha air a ghabhail no air a chrìochnachadh anns na 5 bliadhna mu dheireadh an coimeas ri 63% ann an 2003/4.

Chuir sinn ann am fiosrachadh air coileanadh a chaidh fhoillseachadh mu na taighean-tasgaidh anns na h-eileanan agus mar a bhios sinn a' dèiligeadh ri ar sgdal.

Ann an 2004/5

- ✓ Tha Leasachadh air Smachd agus Dealbhadh Ro-innleachdail air a bhith an sàs ann an tòiseachadh Iomairt Dualchas Baile a' Chrannchuir
- ✓ Chaidh Maoin Calpa Ealain ùr a chur air bhog a dh'fhaodar a chleachdadh airson cur an seilbh calpa mar uidheam, leasachadh no sgeadachadh air togalaichean airson math nan ealan agus airson obair luchd-ealain ann an àiteachan poblach
- ✓ Chaidh Sgrùdadh air Buaidh Shòisealta agus Eaconamach nan Ealan anns na h-Eileanan an Iar a dhèanamh gu am bi 'luach'




Chaidh dèiligeadh ri 66.4% de iarrtasan dealbhaidh ceann-taighe agus 68.4% de iarrtasan neo-cheann-taighe taobh a-staigh 2 mhios ann an 2004/5. Bha luchd-sgrùdaidh nan cumntasan a' meas gu robh an dàta co-cheangailte ri eagrachadh iarrtasan dealbhaidh neo-earbsach ann an 2003/4 agus mar sin chan urrainnear coimeas a dhèanamh eatorra. Cha robh tagraidhean soirbheachail an aghaidh iarrtasan dealbhaidh ann.

eaconamach agus sòisealta airson nan ealan anns na h-Eileanan an Iar agus bun-fhiosrachadh air a thoirt seachad, a thug taic do Ro-innleachd Chultarach nan Eilean Siar

Tha sinn a' dèanamh:

- ✓ Buileachadh an Ro-innleachd Choilltean agus a' Phlana-gnìomh Bith-iomadachd Ionadail



CUNNTAS


Plana-gnìomh Bith-iomadachd Ionadail

Chuir a' Chomhairle, còmhla ri Com-pàirteachas Bith-iomadachd nan Eilean Siar agus Dualchas Nàdair na h-Alba (SNH), air bhog Plana Bith-iomadachd Ionadail sa Chèitean 2004. 'S e bith-iomadachd na diofar àrainnean agus ghnèithean a gheibhear sna h-Eileanan an Iar. Bha a' chiad cheum de thrì planaichean-gnìomh àrainnean agus ghnèithean airson Lagùnan Saillte, Choilltean Gnèitheach agus an t-Seillean-mòr air an cur air bhog gu foirmeil leis an neach-naidheachd agus craoladair, Nancy NicNeacail, còmhla ri frèam-obrach airson obair bith-iomadachd sna h-Eileanan an Iar fon ainm Ar Nàdar. B' e 'Ar nàdar' mar a mhinich sgoilear òg à Bun-sgoil Bhàgh a' Chaisteil bith-iomadachd.

Tha na planaichean sin ag amas air bith-iomadachd nan Eilean Siar a ghleidheadh agus a leasachadh far an gabh e dèanamh, daoine a dhèanamh nas mothachail air cho cudromach 's a tha na h-àrainnean agus gnèithean sin; agus daoine a bhrosnachadh gu com-pàirteachadh ann an dìon agus cur ri bith-iomadachd.

Anns a' Mhàrt 2005, chaidh cuireadh a thoirt do choimhearsnachdan sna h-Eileanan an Iar gu sreath choinneamhan gus pàirt a ghabhail ann an dealbh planaichean gnìomh a chuidicheadh a' gleidheadh agus a' leasachadh lusan mar am Mogairlean Bachlach Bàn agus eòin mar a' Ghealag-bhuachair, an Gille-feadaig agus an Traon. Chuir a' Chomhairle air dòigh prògram thachartasan agus ghnìomhan cuideachd airson Seachdain Bith-iomadachd na h-Alba.

Leasachadh ar slàinte & ar soirbheas beatha



Rinn a' Chomhairle a h-uile sgrùdadh slàinteachas bidhe bu chòir a bhith air a dhèanamh a h-uile 6 mìos ann an 2004/05 agus 2003/4



Rinn a' Chomhairle 82.1% de na sgrùdaidhean slàinteachas bidhe nach fheumar a dhèanamh cho tric ri a h-uile 12 mìos an coimeas ri 92.7% ann an 2003/4


Ann an 2004/5:

- ✓ Fhuair sinn duais Umha Slàinte san Àite-obrach an Alba
- ✓ Dh'fhosgail sinn Ionad Spòrs Leòdhais le 10,500 luchd-cleachdaidh a' pàigheadh a-steach ann anns a' chiad mhìos, a thri uiread ris an t-seann ionad spòrs
- ✓ Fhuair sinn maoineachadh airson Plana Gnìomh Sàbhailteachd sa Choimhearsnachd 2005/6
- ✓ Fhuair sinn còrr air £1.6m de mhaoineachadh bhon taobh a-muigh agus 34 obraichean ionann is làn-ùine tro Fòram Coimhearsnachd Deagh Shoirbheas Beatha nan Eilean

Siar, air a dhèanamh suas de iomadh buidheann agus ann an Com-pàirteachas Dealbhadh Choimhearsnachdan nan Eilean Siar. Fhuair na pròiseactan a leanas buannachd às:

- *Pròiseact Leasachadh Coimhearsnachd nan Ceàrn*
- *Pròiseact Tuathanas-gàrraidh nan Ceàrn*
- *Roghnaich Beatha*
- *Fòram Droch Dhiol san Dachaigh*
- *Fàs Fallain*
- *Measan An-asgaidh ann an Sgoiltean*
- *Taic Brosnachadh Slàinte do Chafaidhean Òigridh*
- *Pròiseact Slàinte Fhireannach*

Àireamh sa cheud de sgrùdaidhean slàinteachas bidhe a dh'fheumar a dhèanamh a h-uile 12 mhìos a bha dèante



Tha sinn a' dèanamh adhartas le:


- ✓ Cur ri chèile molaidhean airson Aonadh Creideis nan Eilean Siar
- ✓ Ath-leasachadh raointean cluich air feadh nan Eilean Siar
- ✓ Buileachadh a' Phrògram Sgoiltean Gnìomhach
- ✓ Meudachadh na cuibhrrinn de luchd-obrach cùram san dachaigh a fhuair trèanadh barrantaichte ann an gluasad is làimhseachadh

Sgoil Sgalpaigh, Duais Òir Sgoiltean Brosnachadh Slàinte

B' e Sgoil Sgalpaigh a' chiad tè anns na h-Eileanan an Iar a fhuair Duais Òir "Sgoiltean Brosnachadh Slàinte". Gus an duais seo fhaighinn feumaidh sgoiltean sealltainn oidhirp mhòr air na sgoilearan aca a chuideachadh a' fàs nas mothachail air a h-uile seòrsa cùis slàinte. Tha seo a' gabhail a-steach na cuspairean a shaoilte mar riaghailt-bidhe agus fallaineachd ach tha e cuideachd a' dèiligeadh ri daimhean eadar sgoilearan agus luchd-obrach,

àrainneachd na sgoile agus ceanglaichean na sgoile ris a' choimhearsnachd.

Bha na measadairean a thadhail air Sgoil Sgalpaigh fìor thoilichte sgoilearan fhaicinn san àite-bidhe a' cuideachadh a chèile fhad 's a bha iad ag ithe am biadh. Thagh sgoilearan biadh iomchaidh agus bha iad deònach measan a thaghadh an àite mìlsean na bu thraidiseanta.



CUNNTAS

An ath bhliadhna tha dùil againn cunntas a thoirt air liostachan-feitheimh taigheadais, daoine gun dachaigh, faochadh bho reataichean dùthchail, an aonadh creideis agus taighean fo ìrean iomchaidh. Fiosrachadh feumail? Dè ur beachd?

☎ 01851-709433 F 01851-706022 apr@cne-siar.gov.uk Teacsa 07624-809-264

Toirt stiùireadh do na h-eileanan

Ann an 2004/5:

- ✓ Chùm sinn Eacarsaidh Dòrtadh Ola nàiseanta soirbheachail
- ✓ Bha am Plana Coimhearsnachd air aontachadh le Com-pàirteachas Dealbhadh Choimhearsnachdan nan Eilean Siar
- ✓ Bha Aonta Toradh Ath-nuadhachaidh air a chur gu Riaghaltas na h-Alba
- ✓ Bha prionnsabal Buannachd Coimhearsnachd bho thuathanasan gaoithe air an aontachadh
- ✓ Chùm sinn co-labhairt air Còmh-dhail Mara agus Adhair san Aonadh Eòrpach le riochdairean à seachd dùthchannan an làthair gus beachdachadh air buaidh reachdas còmh-dhail EU air coimhearsnachdan nan Eilean

- ✓ Dhèilig sinn ri gach ìre den ath-sgrùdadh le Coimisean Chrìoch na h-Alba

Tha sinn a' dèanamh adhartas le:

- ✓ Leasachadh Ro-innleachd Còmh-dhail Ionadail
- ✓ An tòir air a bhith a' toirt a-steach Dleastanas Còmh-dhail Poblach eile airson seirbheis adhair na Gàidhealtachd 's nan Eilean gus faraidhean phlèanaichean a lùghdachadh
- ✓ Dèanamh sgrùdadh air Faraidhean Aiseig
- ✓ Toirt a-steach sgeama dearbhaidh air faraidhean aiseig malairteach
- ✓ Crìochnachadh Plana Ionadail nan Eilean Siar

Brosnachadh dearbh-aithne shònraichte nan Eilean an Iar

Tha sinn a' dèanamh adhartas le

- ✓ Cur ri chèile Bileag Fiosrachaidh nan Eilean Siar anns am faigh daoine fiosrachadh cudromach mu na h-eileanan
- ✓ Cuideachadh le leasachadh planaichean ri teachd airson Prògraman Airgead Eòrpach
- ✓ Neartachadh cheanglaichean ris a' BhP agus a' BhPA
- ✓ Brosnachadh seilbh coimhearsnachd air tuathanasan-gaoithe

Plana Coimhearsnachd nan Eilean Siar

Bha am Plana Coimhearsnachd a tha ag amas air beatha nas fheàrr a thoirt do shluagh nan Eilean Siar air a dhealbhadh le Com-pàirteachas Dealbhadh Coimhearsnachdan nan Eilean Siar. Tha am Plana Coimhearsnachd dà-chànanach a' cur cudrom air cuspairean Sòisealta, Eaconamach agus

Àrainneachdail. Tha còig Fòraman Ro-innleachdail air an dèanamh suas de riochdairean bho dhìofar bhuidhnean ag obair air na cuspairean sin. 'S iad na Fòraman

- ✓ Deagh Bheatha Coimhearsnachd
- ✓ Ionnsachadh Fad-beatha agus Ionnsachadh sa choimhearsnachd
- ✓ Eaconamaidh Ionadail
- ✓ Cànan agus Cultar na Gàidhlig
- ✓ Seasmhachd agus Àrainneachd

Tha am plana na bhunait do chompanaidhean agus bhuidhnean poblach anns na h-Eileanan an Iar gus seirbheisean a leasachadh agus a sgioblachadh. Tha iomadh dùbhlann mu choinneamh dhaoine anns na h-eileanan ach le obrachadh còmhla gheibh sinn air eadar-dhealachadh mòr a dhèanamh ri beatha dhaoine agus gnè-beatha nas fheàrr a thoirt do dhaoine de gach aois.



Pròiseact ainmeachaidh

Ann an 2003 dh'iarr Com-pàirteachas Dealbhadh Coimhearsnachdan air a' Chomhairle pròiseact a stiùireadh gus faighinn a-mach dè a' mhargaidheachd a dh'fheumte gus na h-eileanan a chur air adhart ann an dòigh na b' iomchaidh. Chaidh iarraidh air a' chompanaidh Corporate Edge rannsachadh a dhèanamh air dè an t-ainm a bhuineadh do na h-eileanan a bu chòir a chleachdadh. An dèidh co-chomhairle ri muinntir an àite agus gnothachasan ionadail agus ri solaraichean is ceannaichean air tìr-mòr

chaidh an t-ainm *Outer Hebrides* a mholadh.

Bidh an t-ainm *Outer Hebrides* a' gabhail a-steach torrachas iomallach, neo-chumanta le sealladh-tìre, cultar agus cànan sònraichte. Tha an obair air tòiseachadh a-nis gus am pròiseact margaidheachd seo a thoirt air adhart airson taic a thoirt do leasachadh agus cleachdadh an ainm le companaidhean ionadail agus ann am margaidheachd air feadh nan eilean.

CUNNTAS

Dè bu chòir a bhith san aithisg againn an ath bhliadhna? Cuiribh fios gu

☎ 01851-709433 Facs 01851-706022 E apr@cne-siar.gov.uk Teacsa 07624-809-264



Cunntas Teachd-a-steach sa bhliadhna a dhùin 31 Màrt 2005

Tha an cunntas teachd-a-steach a' sealltainn cosgais ruith seirbheisean na comhairle agus co às a thàinig an t-airgead gus na cosgaisean sin ionmhasachadh.



	Caiteachas Iomlan £000	Teachd-a-steach Iomlan £000	Caiteachas Lom £000
Buidseatan Sgoiltean Fa leth	20,743	0	20,743
Buidseatan Sgoiltean glèidhte sa mheadhan	22,005	-4,034	17,971
Maoineachadh Nach Buin do Sgoiltean	730	-50	680
Cunntasan Glèidhte Foghlaim	79	-34	45
Maoin Taigheadais Coitcheann	9,314	-4,102	5,212
Cunntas teachd-a-steach Taigheadais	7,590	-7,518	72
Seirbheisean Cultarach agus Co-cheangailte	5,923	-845	5,078
Seirbheisean Àrainneachd	4,755	-1,259	3,496
Seirbheisean Rathaidean agus Còmhdhail	14,432	-1,388	13,044
Seirbheisean Dealbhaidh agus Leasachadh	6,734	-3,016	3,718
Obair Shòisealta	19,793	-4,600	15,193
Corporra agus Deamocratach aig bun	3,136	-20	3,116
Cosgaisean Neo-sgaoilte	208	0	208
Seirbheisean Coitcheann a' Phobaill	1,276	-321	955
Seirbheisean Poilis, Teine agus Luachaidh	4,845	0	4,845
Seirbheisean Malairt	1,175	-859	316
Caiteachas air Cosgais Seirbheis Lom	122,738	-28,046	94,692
Às aonais: Cis a-staigh air cleachdadh Maoin na Comhairle			-12,477
Cuir ris: Pàigheadh air ais lasadan agus Riadh air lasadan			14,106
Às aonais: Seilbheachadh agus Cunntasachd Eile A-staigh			-2,049
Suim ri phàigheadh bho Thabhartasan Riaghaltais agus Luchd-pàighidh Chìsean Ionadail			94,272
Air ionmhasachadh le:			
Tabhartas Taic Bliadhnail			-77,571
Reataichean Grothachais			-9,830
Cis Comhairle			-8,120
Teachd-a-steach Iomlan			-95,521
Maoin Coitcheann Lom (Còrr) Easbaidh sa Bhliadhna			-1,249

Cunntas Cothromachaidh na bliadhna a dhùin 31 Màrt 2005

Tha an Cunntas Cothromachaidh a' sealltainn seilbh na Comhairle agus na tha ri phàigheadh dhi.

	£000
Togalaichean/fearann leis a' Chomhairle	203,871
Stoc	665
Airgead am banca	-2,105
Airgead ri phàigheadh don Chomhairle	25,861
Airgead ri phàigheadh leis a' Chomhairle	-14,155
214,137	

Air ionmhasachadh le:

Air lasad	181,793
Cùl-stòran Nach Gabh Sgaoileadh	21,747
*Cùl-stòran a Ghabhas Sgaoileadh	10,597
214,137	

*Tha Cùl-stòran a Ghabhas Sgaoileadh a' gabhail a-steach na leanas

Còrr Maoin Coitcheann	
Còrr na Bliadhna	1,249
Cothrom aig Màrt 2004	9,070
Cothrom cùl-stòr taigheadais	278

10,597

Cis Comhairle


Tha a' Chis Comhairle air a suidheachadh leis a' Chomhairle gach bliadhna. Chaidh Cis Comhairle 2005/6 suas dìreach 4.9% agus aon uair eile shuidhich a' Chomhairle a' Chis Comhairle as ìsle ann an Alba. Tha meudachadh 2.5% san amharc airson 2006-7. Tha a' Chis Comhairle airson nam bann eile air obrachadh a-mach bho phrìs Bann D.

Feumaidh a' Chomhairle le reachdas cisean Uisge agus Òtrachais a thogail às leth Uisge na h-Alba. Tha na prìsean air an suidheachadh le Uisge na h-Alba, agus air an gabhail a-steach ann an cunntasan Cis Comhairle, ach tha an teachd-a-steach a gheibhear air a chur a-null gu Uisge na h-Alba.

Bann D Cis Comhairle (às aonais uisge & òtrachas)	Comhairle nan Eilean Siar	Guibheasachd an Alba
2005/6	£956	£1,094
2004/5	£911	£1,053
2006/7 (tuairmse)	£980	

Bann Cis Comhairle	A	B	C	D	E	F	G	H
Bloigh	6/9	7/9	8/9	9/9	11/9	13/9	15/9	18/9
Pris (£)	637.33	743.56	849.78	956.00	1,168.44	1,380.89	1,593.33	1,912.00

Sruth-airgid



Cunntas teachd-a-steach Taigheadais

'S ann leis a' Chomhairle a tha 1,841 taighean comhairle a bhios air an leigeil a-mach air mhàl. Chan urrainnear an t-airgead a tha air a chaitheamh air càradh agus rianachd nan taighean sin a mhaoineachadh ach bhon mhàl a bhios teanntan a' pàigheadh agus Tabhartas Taice do Thaigheadas sam bith bho Riaghaltas na h-Alba (£2.9m ann an 2004/5). Tha còrr no easbhaidh sam bith aig deireadh na bliadhna air a ghluasad thairis gu na cùl-stòran taigheadais agus air a thoirt air adhart chun na h-ath bhliadhna.

Ann an 2004/5 rinn an Cunntas Teachd-a-steach Taigheadais easbhaidh de £76,000 le mòran dheth ri linn cosgaisean càraidh an dèidh na droch shìde san Fhaoilleach. Bha Cùl-stòran Taigheadais de £278,000 ann air 31 Màrt 2005.

Tha an Cunntas Teachd-a-steach Taigheadais a' sealltainn a h-uile cosgais agus teachd-a-steach co-cheangailte ri Taighean Comhairle.

Teachd-a-steach	£000
Màl Thaighean Comhairle	-4,432
Tabhartas Taice do Thaigheadas	-2,894
Teachd-a-steach Eile	-192
	-7,518
Caiteachas	£000
Càradh agus Cumail	1,445
Stiùireadh agus Riaghladh	833
Cosgaisean Ionmhasachaidh Calpa	5,178
Cosgaisean Eile	138
	7,594
Gluasad gu/bho Choithroman	76

Caiteachas calpa

San fharsaingeachd 's e caiteachas calpa airgead a chaitheamh a' chomhairle air togail, leasachadh no ceannachd maoin mar sgoiltean, goireasan spòrs, rathaidean msaa. Tha a' choimhearsnachd a' faighinn nam buannachdan bho chaiteachas calpa thar ùine nas fhaide agus chan eil na cosgaisean a' toirt buaidh air cunntasan teachd-a-steach ann an aon bhliadhna. Ann an dèanamh co-dhùnadh mu airgead a chur an seilbh ann am pròiseact, feumaidh a' Chomhairle a-nis coimhead nas fhaide air adhart na dìreach an ruigear air na grad chosgaisean. Feumar beachdachadh air na cosgaisean ruith ri teachd agus a' bhuidheas a bheir iad air irean cis comhairle.

Coileanadh Ionmhasail

Chaitheamh a' Chomhairle £1.1m nas lugha na am buidseat aice ann an 2004/5. Uile gu lèir chaitheamh a' Chomhairle £5.9m fon bhuidseat ann an 2004/5. Bha seo gu mòr co-cheangailte ri airgead a chaidh a chur a thaobh airson pròiseactan sònraichte a bha air an toirt air adhart gu 2005/6 agus airgead airson rudan ris nach robh dùil nach deach a chleachdadh.

	£m
Cothromachadh Teachd-a-steach na Comhairle aig 31 Màrt 2005	10.0
Às aonais na tha air a ghealltainn do phròiseactan agus iomairtean	(6.4)
Cosg san amharc seach teachd-a-steach 2005/6 gu 2007-8	(1.3)
Cothrom as lugha air a chumail airson rudan ris nach bi dùil	(1.0)
Cothromachadh Teachd-a-steach Gun a Ghealltainn aig 31 Màrt 2005	1.3

Bheir co-dhùnadh sam bith a nì a' Chomhairle airson a' chothromachadh de £1.3m a tha air fhàgail a chaitheamh aire do phoileasaidh na Comhairle a bhith a' cumail £1m ann an cùl-stòran, don bhuidseat san amharc airson nan trì bliadhna ri teachd, gus am faod tabhartas teachd-a-steach na Comhairle bhon Riaghaltas atharrachadh an dèidh Sgrùdadh air Cosg nàiseanta ann an 2006 agus cosgaisean neo-mheasta inbhe shingilte, gluasad thairis staic agus an Com-pàirteachas Poblach Priobhaideach airson sgoiltean ùra a thogail.

Caiteachas calpa 2004-05

£000an

Foghlam	2,372
Sgoil an Tairbeart	504
Leasachadh/Sgeadachadh Thogalaichean Sgoile	1,514
ICT/Bann leathann Sgoiltean	228
Rianachd Trafaig aig Sgoiltean	106
Eile	20
Obair Shòisealta	490
Leasachadh Cùraim Uibhist a Deas	226
Leasachaidhean Togail	264
Taigheadas	6,661
HRA	2,050
Tabhartasan Leasachaidh	1,908
Tabhartasan Càraidh	701
Tabhartasan Eile	230
Ath-bheothachadh Coimhearsnachd Bhaile a' Mhanaich	308
Caiteachas Eile	1,464
Còmhdhail	2,858
Slighe Cnàimh-droma	1,154
Neartachadh Dhrochaidean	102
Caladh Oidhche an t-Òib	312
Bun-structair Caolas Bharraigh	168
Bun-structair Còmhdhail Poblach	270
Sàbhailteachd Rathaidean/Ciùineachadh Trafaig	499
Slighean-coiseachd	170
Còmhdhail Eile	183
Ealan is Cur-seachad	4,716
Leasachadh Ionad Spòrs	3,622
Ionad Spòrs Nis	424
Bhanaichean Leabharlann Siubhail	78
Càradh ri Talla a' Bhaile	129
Pròiseactan coimhearsnachd	115
Cearnaidhean Cluich Chloinne	88
Pointers	146
Sgeamaichean Eile	114
Seirbheisean Leasachaidh	557
Leasachadh & Saothrachadh Aonad Bhàgh a' Chaisteil	164
Maoin Taice Ath-nuadhachadh Coimhearsnachd	114
Lùth Eadar-dhealaichte	30
Cidheachan Iasgach & Slighean Mara	86
Leasachadh Coitcheann	163
Seirbheisean Àrainneachd	2,226
Ath-chuairteachadh	1,775
Fearann truailte	78
Glanadh sgudail – Lionadh air Tìr, Sgioban	115
Ceannachd Charbadan & Uidheim	181
Eile	77
Poileasaidh agus Stòras	322
Iasadan Chàraichean	183
Leasachaidhean Togail	103
Ceannachd Boidhlean	26
Eile	10

Aithris Stiùiriche an Ionmhais

Bha Cunntasan na Comhairle air an ullachadh ro-làimh ann an co-rèir ri Riaghailt-obrachaidh Cunntasachd. Tha na figearan sa gheàrr-chunntas seo air an toirt bhon t-seata chunntasan foirmeil a chuireadh ri chèile a' cleachdadh nan dòighean cunntasachd iomchaidh. Tha an neach-sgrùdaidh, air fhadh le Sgrùdadh na h-Alba, air na Cunntasan a rannsachadh agus air dearbhadh gu bheil iad a' toirt cunntas cothromach air suidheachadh ionmhasail na Comhairle.

Faodar lethbhreac iomlan de na Cunntasan sgrùdaichte iarraidh agus tha e cuideachd air làrach-lìn na Comhairle.

Robert Emmott BSc CPFA, Stiùiriche an Ionmhais



www.cne-siar.gov.uk

Fiosrachadh air ar coileanadh

'S e an leabhran seo aon de na dòighean a gheibh sibh a-mach mu choileanadh na Comhairle. Tha sinn an dùil tuilleadh fiosrachaidh air coileanadh a chur anns na bileagan agus leabhraibh a gheibh sibh mu sheirbheisean fa leth. Tha am fiosrachadh air coileanadh air an làrach-lìn againn cuideachd.


Gheibh sibh an leabhran seo ann an cànan a bharrachd air Gàidhlig no Beurla no ann an cruth eile. Cuiribh fios thugainn (mar a leanas).

Ma tha sibh airson beachdan a thoirt air an leabhran seo no air gin de sheirbheisean na Comhairle cuiribh fios thugainn:

Fòn 01851-709433
Facs 01851-706022
post-dealain apr@cne-siar.gov.uk
teacsa 07624-809-264

No sgrìobhaibh thugainn:

In-sgioba Ro-innleachd
Oifis a' Cheannaird
Comhairle nan Eilean Siar
Rathad Shannabhaig
STEÒRNABHAGH HS1 2BW



Ìre Seirbheis

Seirbheisean Fa Leth

Fiosrachadh mun Chomhairle

Mar a bheir sinn fiosrachadh dhuibh

Bidh Fiosrachadh air Coileanadh air a chur ann am bileagan agus leabhraibh

Bidh fiosrachadh na phàirt de dh'obair co-chomhairleachaidh

Aithisg Coileanaidh Bhliadhnail don h-uile taigh

Taisbeanaidhean aig oidhcheannan phàrant, feilltean àiteachais msaa

Duilleagan coileanaidh air làrach-lìn na Comhairle



Reporting our performance

www.cne-siar.gov.uk

This booklet is just one of the ways that you can find out about the performance of the Comhairle. We are planning to include more performance information in the leaflets and booklets that you receive about individual services. You can also look at the performance information that is held on our website.


You can get this booklet in a language other than Gaelic or English or in another format. Please contact us.

If you have any views on this booklet or any of the services that the Comhairle provides please get in touch.

Phone 01851-709433
Fax 01851-706022
e-mail apr@cne-siar.gov.uk
text 07624-809-264

Or write to us:

The Internal Strategy Team
Chief Executive's Office
Comhairle nan Eilean Siar
Sandwick Road
STORNOWAY HS1 2BW



Service Level	How we will report to you
Individual Services	Performance Information will be included in leaflets and booklets Information will be provided as part of consultation exercises
Council Wide information	Annual Performance Report to every household Displays at parents evenings, agricultural shows etc Performance pages on the Comhairle's web site